



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

**FUINCSEANAN IS CO-
DHÙNAIDHEAN COIMISEAN
NA CROITEARACHD:**

SGEAMA TIOMNAIDH

ÙRAICHTE: LÙNASTAL 2020

Clàr-innse

RO-RÀDH.....	1
MAR A THA AN SGEAMA TIOMNAIDH AG OBAIR	1
ÌRE A h-AON.....	1
ÌRE A DHÀ	3
ÌRE A TRÌ.....	3
FUINCSEANAN AGUS CO-DHÙNAIDHEAN A THA AIR AN GABHAIL A-STEACH DON SGEAMA TIOMNAIDH	4
FUINCSEANAN AGUS CO-DHÙNAIDHEAN A THA TOIRMISGTE BHON SGEAMA TIOMNAIDH	6

RO-RÀDH

Suas chun na Dàmhair 2015, bha co-dhùnaidhean uile mu thagraidhean riaghlaidh air an gabhail le Coimiseanairean; le aon Choimiseanair, buidheann Obair-cùise le trì Coimiseanairean no an làn Bhòrd, an ìre cho-dhùnaidhean air a dhearbhadh le Ionnsramaid Tiomnaidh a' Choimisein.

Bhon t-Samhain 2015, chaidh prògram sgaoilte de cho-dhùnaidhean tiomnaichte a thoirt a-steach gus a dhèanamh comasach do Choimiseanairean cuimseachadh air na cùisean sin a tha co-cheangailte ri ceannardas ro-innleachdail a' bhuidhinn.

Buannachdan co-cheangailte ris a leithid sin de mhodh-obrach:

- Saoradh ùine chuibhrichte Choimiseanairean
- Co-dhùnaidhean dèante nas luaithe
- Co-dhùnaidhean nas cunbhalaiche tarsainn a' bhuidhinn
- Co-dhùnaidhean a' faotainn taic bho adhbharan nas làidire
- Luchd-obrach air an cumhachdachadh.

Tha e ag obair tro chrìochan do gach fuincsean air an aontachadh le Bòrd Choimiseanairean, agus ma thuiteas cùis taobh a-staigh nan crìochan sin, is urrainn dèiligeadh ris le oifigich.

An toiseach, bha 8 fuincseanan agus co-dhùnaidhean air an gabhail a-steach don Sgeama Tiomnaidh, ach thairis air na 4 no 5 bliadhna a dh'fhalbh chaidh seo a leudachadh gus a' mhòr-chuid de fuincseanan agus de cho-dhùnaidhean a ghabhail a-steach, mar a tha mìnichte ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993.

MAR A THA AN SGEAMA TIOMNAIDH AG OBAIR

Tha 3 ìrean de cho-dhùnadh tiomnaichte taobh a-staigh a' Choimisein.

ÌRE A h-AON

Cò bhios a' dèanamh co-dhùnadh aig Ìre a h-Aon?

- An t-Oifigear Cùise don Sgìre.

Dè an co-dhùnadh a dh'fhaodar a dhèanamh aig Ìre a h-Aon?

- Tagraidhean aontachadh a tha a' gèilleadh do na crìochan a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd, a thaobh an fhuincsein riaghlaidh bhuntainnich.

Cuin a tha co-dhùnaidhean (gu h-àbhaisteach) gan dèanamh?

- Air bunait làitheil.

N.B. Ma thèid aon no barrachd de na crìochan a bhriseadh, feumar a' chùis a chur air adhart gu ìre 2

ÌRE A DHÀ

Cò bhios a' dèanamh co-dhùnadh aig Ìre a Dhà?

- Buidheann Obair-cùise anns a bheil an Ceannard Riaghlaidh, am Manaidsear Taic Riaghlaidh agus an t-Oifigear Cùise B1.

Dè an co-dhùnadh a ghabhas a dhèanamh aig Ìre a Dhà?

- Tagraidhean aontachadh, atharrachadh le cumhachan, an dèidh beachdachadh air na crìochan a tha air an aontachadh leis a' Bhòrd a thaobh an fhuincsein riaghlaidh bhuntainnich.
- Cùisean a ghreasad gu Ìre a Trì.

Cuin a tha co-dhùnaidhean (gu h-àbhaisteach) gan dèanamh?

- Air bunait sheachdaineach.

N.B. Chan eil an t-ùghdarras aig Ìre a h-Aon no Ìre a Dhà tagradh a dhiùltadh.

ÌRE A TRÌ

Cò bhios a' dèanamh co-dhùnadh aig Ìre a Trì?

- Buidheann Obair-cùise anns a bheil 3 Coimiseanairean, le taic bho Neach-lagha a' Choimisein, an Ceannard Riaghlaidh, am Manaidsear Taic Riaghlaidh agus an t-Oifigear Cùise B1.

Dè an co-dhùnadh a ghabhas a dhèanamh aig Ìre a Trì?

- Tagraidhean aontachadh, atharrachadh le cumhachan, an dèidh beachdachadh air na crìochan a tha air an aontachadh leis a' Bhòrd a thaobh an fhuincsein riaghlaidh bhuntainnich.
- Tagraidhean a dhiùltadh.
- Cùisean a ghreasad gu an làn Bhòrd Choimiseanairean.

Cuin a tha co-dhùnaidhean (gu h-àbhaisteach) gan dèanamh?

- Air bunait mhìosail.

FUINCSEANAN AGUS CO-DHÙNAIDHEAN A THA AIR **AN GABHAIL A-STEACH** DON SGEAMA TIOMNAIDH

Faodaidh co-dhùnaidhean an lùib nam fuincseanan sin a bhith dèante aig gin sam bith de na 3 Ìrean (a rèir a' bheachdachaidh air na crìochan aontaichte) no gabhaidh iad an greasad gu làn Bhòrd nan Coimiseanairean.

Tha na fuincseanan is co-dhùnaidhean a leanas air an gabhail a-steach don Sgeama Tiomnaidh:

- Co-shuidheachadh fearann neo-chroite mar chroit ùr (Earrann 3A)
- Co-shuidheachadh fearann neo-chroite mar fhearann ionaltraidh ùr (Earrann 51A)
- Meudachadh Croitean (Earrann 4)
- Iomlaid croitean no pàirt-croitean (Earrann 4A)
- Sònrachadh (Earrann 8)
- Roinn air croit le neach-gabhail (Earrann 9)
- Roinn air croit le righladair-tiomnaidh gus 2 chroit no barrachd a chruthachadh (Earrannan 9 is 10)
- Roinn air croit le croitear seilbhe (Earrann 19D)
- Am bu chòir fios a fhrithealadh a thaobh gabhaltas a chrìochnachadh mar thoradh air fàilligeadh ann an leantainneachd reachdail (Earrann 11(4) gu 11(8))
- Cead a' Choimisein a thaobh às-làthaireachd bhon chroit (Earrann 21B)
- Leudachadh air cead a thaobh às-làthaireachd bhon chroit (Earrann 21C)
- Atharrachadh cumha a thaobh às-làthaireachd bhon chroit (Earrann 21D)
- Leigeil air croit falamh leis an uachdaran (Earrann 23(3))
- Molaidhean leigeil leis an uachdaran (Earrann 23(5))
- Molaidhean leigeil le croitear seilbhe (Earrann 26(J))
- Leigeil geàrr-amail le croitearan seilbhe (Earrann 29)
- Leigeil air croit seilbhe (seach chroit air lìos goirid) le croitear seilbhe (Earrann 29A)
- Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh le uachdaran no neach-gabhail (Earrann 24)
- Di-chroiteadh pàirt-croite le uachdaran no neach-gabhail (Earrann 24)
- Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh le croitear seilbhe (Earrann 24A)
- Di-chroiteadh pàirt-croite le croitear seilbhe (Earrann 24A)
- Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh ann am fiù a chaidh a bhuileachadh fo Earrann 17 no 18
- Fo-leigeil (Earrann 27)
- Co-dhùnadh am bu chòir òrdugh a sgaoileadh a' ceadachadh do neach-gabhail

fuireach ann an còmhnaidheachd air croit airson suas ri 1 bhliadhna, a' leantainn air crìoch a chur air fo-leigeil (Earrann 29(3))

- Cleachdadh air fearann ionaltraidh airson adhbharan coilltearachd (Earrann 50)
- Cleachdadh air fearann ionaltraidh airson adhbharan eile (Earrann 50B)
- Roinneadh (Earrann 52(4))
- Ath-sgrùdadh air roinneadh (Earrann 52)(12)
- Dèiligeadh ri Gearanan Anmoch (Earrann 58A(5A))
- Dèiligeadh ri gearanan bho dhaoine fa leth a tha an Coimisean a' meas a bhith gun ùidh bhuntainneach san tagradh
- Co-dhùnadh a bheil briseadh dleastanas a chaidh aithris, neo-shusbainteach no draghail (Earrann 26A(5))
- Co-dhùnadh am bu chòir fios a fhrithealadh, a' fiosrachadh do chroitear gu bheil an Coimisean den bheachd nach eil dleastanas ga choileanadh (Earrann 26C(1))
- Co-dhùnadh a bheil dleastanas ga choileanadh, an dèidh cothrom a thoirt don chroitear air riochdachaidhean a dhèanamh (Earrann 26C(5))
- Co-dhùnadh am bu chòir gabhail ri geall le croitear gu fuasgladh air a' bhriseadh a ghabhail os làimh (Earrann 26D(4))
- Dearbhadh, dèanamh no atharrachadh riaghailtean ionaltraidh (Earrann 49(7)).

FUINCSEANAN AGUS CO-DHÙNAIDHEAN A THA **TOIRMISGTE** BHON SGEAMA TIOMNAIDH

Chan urrainn co-dhùnaidhean sna fuincseanan sin a bhith dèante ach aig Ìre 3 no le làn Bhòrd Coimisean na Croitearachd.

Tha na fuincseanan agus na co-dhùnaidhean a leanas neo-bhuailteach don Sgeama Tiomnaidh. Feumaidh na co-dhùnaidhean sin a bhith dèante le Bòrd Coimisean na Croitearachd

- Gearanan a thaobh Briseadh air cumhachan reachdail croiteir (Earrann 5A)
- Sgeamaichean leasachaidh (Earrann 19A)
- Di-chroitidhean Làn Chroite (ach làraichean a bharrachd nas lugha na 0.75(ha) – Earrann 24(3) agus Earrann 24A)
- Am bu chòir croit a roinn mus cuirear crìochnachadh air gabhaltas croite an gnìomh, no molaidhean leigeil a shireadh bho chroitear-seilbhe (Earrann 26G)
- Modh Crìochnachaidh Gabhaltas (Earrann 26H)
- Croitear seilbhe: a' sireadh modh-obrach air leigeil croite (Earrann 26J)
- Sgeamaichean Ath-eagrachaidh (Earrann 38)
- Dearbhadh a bheil gin sam bith de bhuill no buill uile comataidh ionaltraidh (no an clàrc ionaltraidh) gu dligheach a' coileanadh nan dleastanasan a thugadh dhaibh tro Achd 1993 (Earrann 47(8))
- Dearbhadh a bheil pearsa air riaghailtean ionaltraidh a bhriseadh no air fàillingeadh ann an gèilleadh do riaghailtean ionaltraidh (Earrann 52(1C))
- Am bu chòir roinn pearsa ann am fearann ionaltraidh a chur an dàil, a' leantainn air dearbhadh gu bheil iad air riaghailtean ionaltraidh a bhriseadh no fàillingeadh ann an gèilleadh do riaghailtean ionaltraidh (Earrann 52(1D))
- Am bu chòir roinn pearsa ann am fearann ionaltraidh a chrìochnachadh, a' leantainn air dearbhadh gu bheil iad air riaghailtean ionaltraidh a bhriseadh no fàillingeadh ann an gèilleadh do riaghailtean ionaltraidh (Earrann 52(1E))
- Solaran dligheachail i.e. am bu chòir iomradh a dhèanamh gu Cùirt an Fhearainn airson dearbhadh air ceist sam bith a thaobh firinn no lagh (Earrann 53).

PÀIPEARAN AGUS SOIDHNICHEAN ÙGHDARRAICHTE

STIÙIRIDHEAN AGUS ÒRDUGHAN A THA OIFIGICH ÙGHDARRAICHTE A SHOIDHNIGEADH

Tha an clàr gu h-ìosal a' mìneachadh nan stiùiridhean agus nan òrdughan comharraichte agus na soidhnichean ùghdarraichte a tha molta:

Reachd: Achd nan Croitearan (Alba) 1993	Iomradh air Stiùireadh no Òrdugh	Tìotal nan oifigearan/ire soidhniche ùghdarraichte
Earrann 24(3)	Stiùireadh: Di-chroiteadh air làrach taighe agus fearann gàrraidh le uachadaran no neach-gabhail.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn
Earrann 24(3)	Stiùireadh: Di-chroiteadh pàirt-croite no làn chroit le uachadaran no neach-gabhail.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn
Earrann 24B(1)	Stiùireadh: Di-chroiteadh air làrach taighe agus fearann gàrraidh le croitear seilbhe.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn
Earrann 24B(1)	Stiùireadh: Di-chroiteadh pàirt-croite no làn chroit le croitear seilbhe.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn
Earrann 24(3)	Stiùireadh: Di-chroiteadh air làrach taighe agus fearann gàrraidh ann am fiù a chaidh a bhuileachadh fo Earrann 17 no 18.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn
Earrann 52(4)	Òrdugh: Roinneadh.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn

Earrann 26H(1)	Òrdugh: Criochnachadh gabhaltas croite.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn
----------------	--	--

Reachd: Achd nan Croitearan (Alba) 1993	Iomradh air Stiùireadh no Òrdugh	Tìotal nan oifigearan/ìre soidhniche ùghdarrichte
Earrann 26J(1)	Stiùireadh: Sìreadh mholaidhean airson leigeil air croit seilbhe.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn
Earrann 25(3)	Stiùireadh: Ath-chroiteadh fearann a' leantainn air briseadh chumhachan.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Manaidsear Taic Riaghlaidh Manaidsear Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn
Earrann 49(7)	Òrdugh: Dearbhadh, dèanamh no atharrachadh riaghailtean ionaltraidh.	Àrd-Oifigear Ceannard Poileasaidh Manaidsear Ionaltraidh
Earrann 47(8)	Òrdugh: Glusadh clàrc no buill dheth comataidh ionaltraidh.	Àrd-Oifigear Ceannard Poileasaidh Ceannard Taic Riaghlaidh
Earrann 52(1E)	Òrdugh: Criochnachadh roinn neach fa leth ann am fearann ionaltraidh.	Àrd-Oifigear Ceannard Poileasaidh Ceannard Taic Riaghlaidh
Earrann 38(8)	Òrdugh: Ullachadh Sgeama airson ath-eagrachadh air baile-fearainn.	Àrd-Oifigear Ceannard Taic Riaghlaidh Ceannard Poileasaidh